



## Dè th' ann an cànan ann an cunnart?

'S e cànan ann an cunnart, cànan a dh'fhaodadh **a dhol à bith** mar a tha an **luchd-labhairt** a' bàsachadh no a' gluasad gu bhith a' bruidhinn cànan eile.

Bidh call cànan a' tachairt nuair nach eil an còrr **luchd-labhairt dùthchasach** ann agus 's e cànan marbh a th' ann an uair sin. Mura h-urrainn duine sam bith an cànan a bhruidhinn tha an cànan sin air **a dhol à bith**.

**Gabhaidh cànan marbh a rannsachadh fhathast le clàraidhean agus le sgrìobhaidhean, ach tha e fhathast marbh no à bith mura bheil luchd-labhairt fileanta ann.**

Ged a bha cànanan riamh **a' dol à bith**, tha iad a-nis a' bàsachadh nas luaithe air sgàth teicneòlas agus gluasad dhaoine, obraichean agus chultaran air feadh an t-saoghail; cumhachdan a' cumail smachd air no a' toirt buaidh air dùthchannan eile; agus murt-cànain ri linn adhbharan poilitigeach no cion dhaoine a chumas an cànan beò.